

18 Faoilleach 2022

A phàrant/neach-cùraim chòir,

Tha Luchd-sgrùdadh Foghlam na Banrigh (HMI) a' tadhal air cuid de sgoiltean agus suidheachaidhean tràth-ionnsachadh agus cùram-cloinne air feadh na h-Alba aig an àm seo. Nuair a sgrìobh sinn thugaibh às dèidh an sgrùdadh mu dheireadh air Acadamaidh Inbhir Pheofharain, thuit sinn gun dèanamaid conaltradh leis an sgoil gus aithris air adhartas. Ghabh sinn pàirt ann an tadhal air-loidhne bho chionn ghoirid còmhla ri luchd-obrach, pàrantan, clann agus an t-ùghdarras ionadail. Chuidich seo sinn gus barrachd ionnsachadh air mar a chaidh taic a thoirt do dh'òigridh agus an teaghlaichean tron ghalar lèir-sgaoilte COVID-19. Chuala sinn cuideachd mu mhodhan-obrach a tha ag obair gu math gus taic a chumail ri slàinte agus sunnd, ionnsachadh agus adhartas na h-òigridh. Beachdaich sinn air adhartas le bhith a' toirt air adhart leasachaidhean bhon chiad sgrùdadh againn còmhla ris a' cheannard agus oifigear an ùghdarrais ionadail.

Tha an litir seo a' mìneachadh na fhuair sinn a-mach tron tadhal bhiortail againn.

A' cumail taic ri òigridh agus teaghlaichean tro COVID-19

Fo stiùir a' cheannaird, thathar a' stiùireadh nan dùbhlain co-cheangailte ri bhith a' libhrigeadh foghlam gu math tron ghalar-sgaoilte. Ghabh an ceannard ceuman gus co-ionannachd a bhrosnachadh, a' dèanamh cinnteach gun robh cothrom aig a h-uile neach-ionnsachaidh air goireasan ionnsachaidh iomchaidh. Tha àrd-stiùirichean agus luchd-obrach a' cumail orra a' dèanamh cinnteach gu bheil ullachaidhean an sàs gus coimhearsnachd na sgoile a chumail sàbhailte. Dh'atharraich luchd-obrach an cleachdaidhean gus feart a ghabhail air na dùbhlain shònraichte bhon ghalar lèir-sgaoilte agus air na h-atharrachaidhean a bha a dhith air an dòigh sa bheil foghlam ga libhrigeadh.

Chruthaich luchd-teagaisg pasganan ghoireasan do dh'òigridh aig an robh duilgheadasan le bhith a' faighinn cothrom air an eadar-lìon. Bha innealan didseatach agus ruigsinneachd air an eadar-lìn rim faighinn mar phrìomhachas nuair a bha feum air seo. Rinneadh cinnteach gun robh cothrom aig luchd-ionnsachaidh agus an teaghlaichean air ionnsachadh air-loidhne. Rinn luchd-obrach ath-sgrùdadh air an dòigh-obrach aca gus ionnsachadh is teagasg a libhrigeadh gus feart a thoirt air mar a bha feum air ionnsachadh air-loidhne. Dh'obraich iad gu math còmhla gus an cuid sgilean àrdachadh agus gus foghlam air astar a libhrigeadh. Ghabh àrd-stiùirichean agus luchd-obrach gu math ri suidheachadh a bha ag atharrachadh a thaobh ionnsachadh air astar agus san sgoil, le atharrachaidhean air clàr-ama na sgoile a rèir seo. Chaidh ullachadh a dhèanamh gus am biodh cothrom aig an òigridh uile air an cuid ionnsachaidh air-loidhne no san sgoil ann am prògram dealbhaichte a ghlèidh farsaingeachd a' churraicealaim aca. Dh'innis an ceannard dhuinn mar a chaidh teicneòlas a chleachdadh mar fhuasgladh gus leigeil le luchd-ionnsachaidh Acadamaidh Inbhir Pheofharain coinneachadh còmhla airson co-chruinneachaidhean sgoile. Tha teicneòlas a-nis a' fàs nas freumhaichte ann an obair na sgoile gus cur ri càileachd ionnsachaidh is teagaisg agus mar dhòigh conaltraidh le pàrantan.

Ann a bhith a' dèiligeadh ri COVID-19, tha conaltradh cunbhalach ann le òigridh agus an teaghlaichean. Tha luchd-obrach, an dà chuid an fheadhainn a tha ri teagasg agus an

fheadhainn nach eil, a' gabhail dleastanasan ainmichte gus taic a chumail ri sunnd na h-òigridh agus gus dèanamh cinnteach gum bi iad fhathast a' dol an sàs san ionnsachadh aca. Tha clàradh làitheil a' dèanamh cinnteach gu bheil conaltradh cunbhalach ann le luchd-ionnsachaidh. Bidh lèirmheasan planaichte a' cumail sùil air sunnd agus adhartas na h-òigridh agus a' fiosrachadh cheuman cuimsichte. Bidh sgrùdaidhean sunnd gach seachdain agus modhan soilleir airson a bhith ag aithneachadh agus a' freagairt air draghan a' cumail taic a bharrachd do dh'òigridh agus an teaghlaidhean. Tha daoine òga le feumalachdan a bharrachd, no an fheadhainn aig a bheil bacaidhean ro ionnsachadh, a' faighinn buannachd bho sholarachadh a tha air a libhrigeadh san sgoil. Le bhith ag obair gu dlùth le daoine òga agus an teaghlaidhean, tha tuigse nas fheàrr buileach aig prìomh stiùirichean agus luchd-obrach air na diofar dhùbhlain a tha mu choinneamh luchd-ionnsachaidh.

Tha sunnd na h-òigridh na phrìomh phàirt de phlana ath-shlànachaidh na sgoile. Tha e fhathast na phrìomhachas a bhith ag aithneachadh beàrn sam bith ann an ionnsachadh na h-òigridh mar thoradh air a' ghalar lèir-sgaoilte, mar phàirt den phròiseas ath-shlànachaidh. Tha an ceannard cinnteach gu bheil speisealaichean cuspair a' dèiligeadh ri beàrnann ann an ionnsachadh na h-òigridh gu soirbheachail. Tha sgrùdaidhean sunnd seachdaineil a' tarraing air eòlas a fhuaras bhon ghalar lèir-sgaoilte agus thathar gan leabachadh mar fheart de bheatha na sgoile. Tha sunnd aig cridhe coimhearsnachd na sgoile. Chùm luchd-obrach taic èifeachdach ri òigridh agus an teaghlaidhean gus dèiligeadh ri dùbhlain a' ghalar lèir-sgaoilte. Tha coimhearsnachd na sgoile san fharsaingeachd a' cur luach anns na h-oidhirpean aca agus a' tuigsinn a' cuideim a tha seo air a chur orra.

Adhartas le molaidhean bhon sgrùdadh mu dheireadh

Tha an ceannard, le taic bho cho-obraichean, a' togail comas air feadh na sgoile timcheall air trì prìomh dhràibhearan: 'neart, cunntachalachd agus cunbhalachd'. Tha an ceannard agus an t-ùghdarras ionadail den bheachd gu bheil seo a' cur ri àrd-amasachd tro choimhearsnachd na sgoile air fad.

Tha luchd-obrach a' co-obrachadh gu math. Tha a' mhòr-chuid de phrìomh-thidsearan ag aithneachadh a' phrìomh dhleastanas a th' aca ann a bhith a' cruthachadh ionnsachadh cunbhalach. Tha fios air ais nas fheàrr a' brosnachadh dhaoine òga gus a bhith nas neo-eisimeiliche mar luchd-ionnsachaidh. Tha teicneòlasan didseatach a-nis gan stèidheachadh anns na cleachdaidhean a th' ann gus càileachd ionnsachaidh agus teagaisg a neartachadh. Thathar a' cleachdadh teicneòlas fiosrachaidh gus piseach a thoirt air seanailean conaltraidh leis a' choimhearsnachd sgoile san fharsaingeachd.

Tha cumhachd aig luchd-obrach cleachdaidhean atharrachadh tro bhuidheann-obrach ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh ùr, le taic bho fho-bhuidhnean a chaidh a chruthachadh. Tha prìomh dhleastanas aig luchd-obrach ann a bhith a' brosnachadh chòmhradhean thar raointean cuspair. Tha rannsachadh proifeiseanta nas fharsainge mu dhòighean-obrach a thaobh teagasg a' togail comas agus a' toirt seachad co-theacsa airson cleachdadh a cho-roinn. Tha luchd-teagasg an sàs cuideachd ann an obair le co-obraichean air feadh an ùghdarras ionadail, a' gabhail a-steach iomairt gus dòighean-teagasg atharrachadh. Tha an ceannard ag aithris gu bheil barrachd misneachd aig luchd-obrach ann a bhith a' cleachdadh teicneòlas didseatach gus taic a chumail ri ionnsachadh agus teagasg.

Tha am fòcas air fèin-mheasadh airson fèin-leasachadh a' toirt buaidh air càileachd ionnsachaidh. Ag obair còmhla ris a' cheannard, tha prìomh àite aig gach ball de dh'àrd-sgioba stiùiridh na sgoile ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil dòigh-obrach làn-sgoile ann a thaobh leasachadh càileachd. Tha an sgoil a' cumail oirre a' conaltradh le raon de phàrtaidhean agus ag obair gu gnìomhach gus na ceanglaichean sin a leudachadh.

Thathar a' brosnachadh luchd-ionnsachaidh airson pàirt nas motha a ghabhail ann am planadh agus measadh ionnsachadh. Tha fiosrachadh bhon sgoil a' sealltainn gu bheil luchd-ionnsachaidh a' faighinn tuigse nas fheàrr air an neartan agus air mar a leasaichear iad. Tha seo a' togail air obair a rinneadh tron ghalar-sgaoilte far an deach iarraidh air òigridh cnuasachadh air an cuid ionnsachaidh. Gheibhear fiosrachadh luachmhor tro bhith a' leabachadh na dòigh-obrach seo ann an cleachdadh an t-seòmair-sgoile. Bheir seo taic do luchd-teagaisg ìrean dùbhlàn iomchaidh a phlanadh cho math ri astar ionnsachaidh a bhios a rèir feumalachdan luchd-ionnsachaidh fa leth.

Thathar a' cur ris a' chothrom aig òigridh gus am beachdan a chur an cèill. Thairis air cuspairean, tha cothroman aig òigridh buaidh a thoirt air an cuid ionnsachaidh. Tha òigridh cuideachd a' gabhail ri dleastanasan sgoile a bharrachd.

Chuir an sgoil siostam tracaoidh ùr air bhog gu soirbheachail gus sùil a chumail air adhartas dhaoine òga tro fhoghlam fharsaing choitcheann (BGE) agus tron ìre as àirde. Thathar air pròiseas suidheachadh thargaidean ùraichte, a chaidh a thoirt a-steach airson òigridh san ìre as àirde, a leudachadh do gach bliadhna sgoile a-nis. Tha am fiosrachadh a' toirt comas do luchd-obrach a bhith ag aithneachadh na h-òigridh a tha feumach air taic chuimsichte.

Tha an ceannard ag aithris gu bheil an òigridh a tha ag ionnsachadh ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig fhathast a' soirbheachadh. Tha iad a' cur ris an fhileantas aig amannan fhad 's a tha iad ag ionnsachadh bhon taigh. Bidh speisealaichean Gàidhlig a-nis a' coinneachadh ris an òigridh uile ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig an Acadamaidh Inbhir Pheofharain airson co-chruinneachaidhean sgoile. Tha seo a' cur ris na suidheachaidhean anns am bi òigridh a' bruidhinn na Gàidhlig agus a' togail cheanglaichean le luchd-labhairt eile na Gàidhlig. Tha luchd-teagaisg cuideachd a' planadh susbaint sa Ghàidhlig airson co-chruinneachaidhean sgoile tron Bheurla. Tha luchd-obrach air cur ri faicsinneachd na Gàidhlig air an làraich-aca, le fiosrachadh buntainneach a-nis ri fhaighinn. Tha seo gu ìre a' brosnachadh na Gàidhlig mar sgil airson ionnsachadh fad-bheatha, beatha agus obair. Tha an ceannard ag amas gum bi a' Ghàidhlig mar phàirt de dh'ionnsachadh na h-òigridh uile mar eileamaid chudromach den sgìre ionadail aca. Gus seo a choileanadh, bu chòir do dh'àrd-stiùirichean cumail orra a' toirt cumhachd dhan luchd-obrach air fad gus cur ri bhith a' brosnachadh na Gàidhlig. Cuidichidh dleastanasan agus ullachaidhean nas soilleire airson a bhith a' stiùireadh na Gàidhlig, mar mheadhan ionnsachaidh is bogaidh, gus dòigh-obrach airson na sgoile air fad a chumail suas. Tha àrd-stiùirichean fhathast ri feum domhainn a dhèanamh de ghoireasan a tha air an dèanamh gu sònraichte airson na Gàidhlig gus fiosrachadh a chumail ri planadh ro-innleachdail nas làidire aig ìre na sgoile air fad. Is e toiseach tòiseachaidh a bhiodh ann beachdachadh air mar as urrainn dhan ath-sgrùdadh bho chionn ghoirid air curraicealam ÀS3, agus barrachd cleachdaidh de dh'ionnsachadh didseatach agus com-pàirtichean Gàidhlig speisealach cur ri ionnsachadh tron Ghàidhlig.

Tro ionnsachadh proifeiseanta, tha luchd-obrach a' togail eòlas nas fheàrr air a bhith a' cleachdadh fiosrachaidh buileachaidh nàiseanta gus fios nas fheàrr a bhith aca air na tha a'

dol gu math agus gus cùisean a chomharrachadh air am feumar aghaidh a chur. Tha gnìomhan modarataireachd air feadh an ùghdarras ionadail a' meudachadh misneachd ann an earbsachd an fhiosrachaidh measaidh a thathar a' tionail. Tha fòcas nas mionaidiche a-nis air sgrùdadh agus cumail sùil air adhartas agus leasachadh na h-òigridh. Bithear a' deasbad adhartas na h-òigridh le luchd-ionnsachaidh tro phrògram àm-oide na sgoile. Chaidh e-portfolio ùraichte a thoirt a-steach airson luchd-ionnsachaidh ann am Foghlam Coitcheann Farsaing, le seiseanan taic ann do dh'òigridh agus am pàrantan.

Dè thachras a-nis?

Mar a bhiodhte an dùil, tha an sgoil air a bhith a' freagairt air na dùbhlain a tha air tighinn bho ghalar lèir-sgaoilte COVID-19. Tha seo air buaidh mhòr a thoirt air obair na sgoile. Tha luchd-obrach a' cur phlanaichean an gnìomh gus taic a chumail ri ath-shlànachadh. Tha Luchd-obrach air aghaidh a chur air na molaidhean bhon sgrùdadh thùsail gu soirbheachail. Mar thoradh air seo, cha tadhail sinn air an sgoil a-rithist an co-cheangail ris an sgrùdadh thùsail. Cumaidh Comhairle na Gàidhealtachd air a' toirt fios do phàrantan mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean àbhaisteach aca airson aithris air càileachd na seirbheis foghlaim aca.

Charles Rooney
Neach-sgrùdaidh na Banrigh